



National 4  
Course  
Specification



# Sònachadh Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 4

**Bho Lùnastal 2013**

An deasachadh seo: Giblean 2013, dreach 1.0

Faodar an sònachadh seo ath-riochedachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhraighear prothaid bhon ath-riochedachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochedachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarris Theisteanas na h-Alba 2013

# Cnàmhan a' Chùrsa

**Tiotal a' Chùrsa:** Meadhanan Nàiseanta 4

**SCQF:** Ìre 4 (24 puingean creideis SCQF)

**Còd a' Chùrsa:** ri thighinn

## Aonadan Riatanach

<b>A' Mion-sgrùdadadh Susbaint Mheadhanan (Nàiseanta 4)</b>	<b>9 puingean creideis SCQF</b>
<b>A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan (Nàiseanta 4)</b>	<b>9 puingean creideis SCQF</b>
<b>Aonad Luach-Leasaichte</b>	
<b>Pios-obrach Mheadhanan (Nàiseanta 4)</b>	<b>6 puingean creideis SCQF</b>
Tha an Cùrsa seo a' gabhail a-steach sia puingean creideis SCQF airson measadh air luach-leasaichte san Aonad Luach-Leasaichte. Tha fiosrachadh a bharrachd mun Aonad seo ri fhaighinn san earrainn air Measadh.	

## Ìre tùiseachaidh

Gheibhean a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean agus an t-eòlas a dh'fheumar fhaighinn bhon eòlas agus/no na teisteanasan a leanas, no feadhainn cho-ionann:

- ◆ an Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an *Notachean-taic a' Chùrsa*.

## Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ teisteanasan eile ann am Meadhanan no raointean co-cheangailte
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

## Co-ionannachd agus in-ghabhall

Tha an Sònraichadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notachean-taic a' Chùrsa*.

## Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadu luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadu ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadu nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadu, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùblan agus cleachdadu a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

### Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Leigidh an Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 4 le luchd-ionnsachaidh susbaint mheadhanan<sup>1</sup> a mhion-sgrùdadu agus a chruthachadh. Nì luchd-ionnsachaidh breithneachadh air na meadhanan agus an àite aca ann am beatha làitheil, agus gabhaidh iad sùim ann an susbaint mheadhanan ann an co-theacsu cultarail agus ann an co-theacsu gniomhachas nam meadhanan. Le bhith a' mion-sgrùdadu agus a' cruthachadh susbaint mheadhanan, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean a leigeas leotha a dhol an sàs barrachd ann an comann-sòisealta agus ann an ionnsachadh.

Bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh eòlas a chur air priomh fheartan nam meadhanan: seòrsaichean, cànan, ath-riochdachadh, aithris, luchd-amais agus stèidheachadh.

Coinnichidh luchd-ionnsachaidh ri tàrr sheòrsaichean teacsa eadar-dhealaichte ann am meadhanan eadar-dhealaichte. A' togail air na ceithir comasachdan, leigidh an Cùrsa seo le luchd-ionnsachaidh conaltradh agus breithneachadh a dhèanamh, mothachadh cultarail a leasachadh agus a bhith cruthachail.

### Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

'S e priomh adhbhar a' Chùrsa seo susbaint mheadhanan a mhion-sgrùdadu agus a chruthachadh. Leigidh an Cùrsa le luchd-ionnsachaidh an sgilean litearrachd mheadhanan a thuigsinn agus a leasachadh, agus sùim a ghabhail sna cothroman agus sna dùblain a tha ann an gniomhachas nam meadhanan. Bheir an Cùrsa seo cothroman do luchd-ionnsachaidh an dà chuid eòlas teòridheach air na meadhanan a leasachadh agus an comas susbaint mheadhanan a chruthachadh.

---

<sup>1</sup> Tha susbaint mheadhanan a' ciallachadh a h-uile teacsa agus stuth mheadhanan.

Bheir an Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 4 cothroman do luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean diofraichte a leasachadh agus a leudachadh. Gu sònraichte, tha e na amas aig a' Chùrsa seo gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ an comas susbaint mheadhanan a mhion-sgrùdadadh agus a chruthachadh, a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ eòlas air prìomh fheartan littearrachd mheadhanan eòlas air àite mheadhanan ann an comann-sòisealta
- ◆ an comas plana agus rannsachadh a dhèanamh nuair a tha iad a' cruthachadh susbaint mheadhanan, a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ an comas cleachdadadh an luchd-ionnsachaidh a luachadh

## Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Bheir an Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 4 seachad sùbailteachd, pearsanachadh agus roghainn a leigeas le luchd-ionnsachaidh coileanadh ann an dòighean eadar-dhealaichte agus aig luaths eadar-dhealaichte.

Bheir an Cùrsa cothroman do luchd-ionnsachaidh togail air ionnsachadh ro-làimh ann am foghlam farsaing, coitcheann no ann an teisteanasan Mheadhanan aig ire SCQF nas ìisle.

Bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh gus: diofar mheadhanan a chleachdadadh gu h-èifeachdach airson ionnsachadh agus conaltradh; a bhith cruthachail agus iad fhèin a chur an cèill ann an diofar dòighean; agus smaoineachadh cruthachail agus breithneachadh a chleachdadadh gus beachdan agus argamaidean a cho-chur.

Cuideachd, bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh gus: toileachas fhaighinn agus cur ri toileachas dhaoine eile tro ath-riochdachadh cruthachail agus faireachail; sgilean breithneachaidh littearrachd a leasachadh, agus sgilean pearsanta, eadar-pearsanta agus obair-buidhne; agus barrachd tlachd agus tuigse a bhith aca a thaobh a' chultair aca fhèin, agus cultaran dhaoine eile.

Tha e air a dhealbh gus a bhith ruigsinneach. Bheir structar a' Chùrsa ceangal gnothaicheil eadar eòlas teòiridheach air na meadhanan agus an comas susbaint mheadhanan a chruthachadh.

Bheir an Cùrsa cothroman airson adhartas dìreach agus tarsainn gu Cùrsaichean Nàiseanta, agus gu teisteanasan SQA eile ann am Meadhanan agus raointean co-cheangailte.

# **Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh**

## **Structar a' Chùrsa**

Tha trì Aonadan riatanach sa Chùrsa seo. Tha na trì Aonadan, air an gabhail còmhla, a' gabhail a-steach sgilean ann am mion- sgrùdadadh agus ann an cruthachadh susbaint mheadhanan. Bheir an Cùrsa seo cothrom na sgilean sin amalachadh, oir cha ghabh cruthachadh agus mion-sgrùdadadh a sgaradh. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an lìbhrigeadh ann an grunn dhòighean.

### **A' Mion-sgrùdadadh Susbaint Mheadhanan (Nàiseanta 4)**

'S e adhbhar an Aonaid seo na sgilean a leasachadh gus mion-sgrùdadadh a dhèanamh air susbaint mheadhanan. Bheir an t-Aonad seo cothrom do luchd-ionnsachaidh eòlas a leasachadh air priomh fheartan litearrachd mheadhanan, a tha cudromach airson mion-sgrùdadadh neo-fhillte air susbaint mheadhanan.

### **A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan (Nàiseanta 4)**

'S e adhbhar an Aonaid seo na sgilean a leasachadh gus susbaint mheadhanan neo-fhillte a chruthachadh agus beachd a thoirt air pròiseasan dèanaimh. Bheir an t-Aonad seo cothrom do luchd-ionnsachaidh eòlas a leasachadh air priomh fheartan litearrachd mheadhanan, a tha cudromach gus susbaint mheadhanan neo-fhillte a chruthachadh.

### **Aonad Luach-Leasaichte: Pìos-obrach Mheadhanan (Nàiseanta 4)**

'S e adhbhar an Aonaid Luach-Leasaichte seo cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh na sgilean mion-sgrùdaidh agus cruthachaichd aca a thaobh susbaint mheadhanan neo-fhillte a chleachdadh agus amalachadh. Planaigidh, cruthaichidh agus luachaichidh luchd-ionnsachaidh cuspair roghnaichte a leasaicheas na sgilean agus an ùidh phearsanta aca fhèin.

## **Cumhachan coileanaidh**

Gus an Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riatanach a phasaigeadh, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach-Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.

## Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha làn sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air an toirt seachad ann an *Sònraichadh an Aonaid Luach-Leasaichte*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Leigidh an Cùrsa seo le luchd-ionnsachaidd conaltradh a dhèanamh, a bhith nan luchd-breithneachaidd, mothachadh cultarail a leasachadh, agus a bhith cruthachail. Seo iomradh air na sgilean, an eòlas agus an tuigse bho shusbaint riatanach a' Chùrsa:

- ◆ a' mion-sgrùdadh agus a' cruthachadh susbaint mheadhanan neo-fhillte, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais
- ◆ eòlas air priomh fheartan litearrachd mheadhanan, a rèir na susbaint
- ◆ sgilean luachaidd neo-fhillte
- ◆ eòlas air àite mheadhanan ann an comann-sòisealta
- ◆ eòlas air cùisean co-theacsach, bacaidhean agus saorsa a tha a' bualadh air luchd-dèanaimh susbaint mheadhanan

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ire SCQF a' Chùrsa. Bheir sònraichaidhean ire SCQF tuilleadh fiosrachaidd air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ire SCQF.  
[\(www.sqa.org.uk/scqf\)](http://www.sqa.org.uk/scqf)

# Measadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa* agus ann an *Sònachadh an Aonaid Luach-Leasaichte*.

## Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an *Sònachadh an Aonaid*.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Ni SQA dearbhagh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhagh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbalach agus a rèir irean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas.

### A' Mion-sgrùdadadh Susbaint Mheadhanan (Nàiseanta 4)

Bidh aig luchd-ionnsachaидh ri fianais a thoirt seachad air na sgilean a dh'fheumar gus mion-sgrùdadadh a dhèanamh air susbaint mheadhanan. Seallaidh luchd-ionnsachaيدh eòlas air na priomh fheartan buntainneach aig litearachd mheadhanan a tha cudromach gus mion-sgrùdadadh neo-fhillte a dhèanamh air susbaint mheadhanan.

### A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan (Nàiseanta 4)

Bidh aig luchd-ionnsachaيدh ri fianais a thoirt seachad air na sgilean agus an eòlas a dh'fheumar gus susbaint mheadhanan a chruthachadh agus beachd a thoirt air pròiseasan dèanaimh. Cleachdaidh luchd-ionnsachaيدh eòlas air na priomh fheartan buntainneach aig litearachd mheadhanan a tha cudromach gus susbaint mheadhanan neo-fhillte a chruthachadh.

## Aonad Luach-Leasaichte

Tha measadh air luach-leasaichte<sup>2</sup> ann an Cùrsachean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-ire Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach-leasaichte a mheasadh ann an Aonad Luach-Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach-Leasaichte ri priomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlann agus cleachdad.

Anns a' Chùrsa Meadhanan Nàiseanta 4, bidh luach-leasaichte a' cur fòcas air dùbhlann agus cleachdad.

Thèid seo a mheasadh le pìos-obrach<sup>3</sup>. Bidh aig luchd-ionnsachaيدh ri na sgilean mion-sgrùdaيدh agus cruthachaidh aca a thaobh susbaint mheadhanan neo-fhillte a chleachdad agus amalachadh le bhith a' planaigeadh, a' cruthachadh agus a' luachadh cuspair roghnaichte a leasaicheas na sgilean agus an ùidh phearsanta aca fhèin.

<sup>2</sup> Gheibhear mìneachaidhean an seo: [www.sqa.org.uk/sqa/45528.html](http://www.sqa.org.uk/sqa/45528.html)

<sup>3</sup> Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh.

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

# **Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair**

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa stèidhete air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-iosal. Feumaidh luchd-measaidh iad seo fhighe a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

## **1 Litearrachd**

- 1.1 Leughadh
- 1.3 Èisteachd is labhairt

## **4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd**

- 4.3 Ag obair còmhla ri daoine eile
- 4.4 Iomairt
- 4.6 Saoranachd

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

- 5.4 A' mion-sgrùdadadh agus a' luachadh
- 5.5 A' cruthachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ire nan sgilean sin freagarrach airson ire a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaидh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

# Fiosrachadh rianachd

---

**Foillsichte:** Giblean 2013 (dreach 1.0)

**Sàr-chlas:** ri thighinn

---

## Eachdraidh atharraichean ann an Sònrrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh a' Chùrsa	Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Ughdarraichte le	Deit